

## **Co-chomhairleachadh air Plana Nàiseanta nan Eilean agus Stiùireadh air Measaidhean Buaidh air Coimhearsnachdan nan Eilean**

### **Ceistean co-chomhairleachaidh**

Tha sinn airson gum bi Plana Nàiseanta nan Eilean a' togail air na tha na dheagh chleachdaidhean air eileanan na h-Alba, agus a tha a' freagairt air na dùbhlain a tha mu choinneamh eileanan agus an coimhearsnachdan. Minichidh am Plana mar as urrainn dha Riaghaltas na h-Alba, ùghdarrasan ionadail agus buidhnean poblach eile obrachadh gus toraidhean airson coimhearsnachdan sna h-eileanan a leasachadh. Ullaichidh Ministearan na h-Alba aithisg gach bliadhna air an adhartas gu ruige na h-amasan a bhios ann am Plana Nàiseanta nan Eilean.

Mar sin, tha am Plana air leth cudromach mar stiùir air mar a dh'obraicheas sinn uile còmhla ri coimhearsnachdan sna h-eileanan san àm ri teachd. Than a ceistean gu h-ìosal ag amas air an cothrom a thoirt do dhaoine cruth a thoirt dha Plana Nàiseanta nan Eilean ann a dòigh a fhreagras air an ùidhean agus miannan. Nach gabhaibh pàirt.

C1. Ma tha e iomchaidh, dè an eilean air a bheil thu a' fuireach no ris a bhineas tu?

Freagairt:

Chan eil seo iomchaidh

### **Plana Nàiseanta nan Eilean**

C2. Ma tha e iomchaidh, dè tha math mu dheidhinn a bhith a' fuireach air an eilean agad? Innis dhuinn 3 rudan a bu toil leat mu dheidhinn a bhith a' fuireach air an eilean agad.

Freagairt:

Chan eil seo iomchaidh

C3. Ma tha thu air an eilean fhàgail, innis dhuinn carson a dh'fhàg thu (mar eisimpleir, airson cothroman obrach no foghlam)?

Freagairt:

Chan eil seo iomchaidh

C4. Ma tha thu air an eilean fhàgail, innis dhuinn dè tha thu ag ionndrainn mu dheidhinn beatha air an eilean.

Freagairt:

Chan eil seo iomchaidh

C5. Mas urrainn dhut, bheir dhuinn eisimpleirean de dheagh iomairtean/pròiseactan/cur-seachadan ionadail, etc?

Freagairt:

Thathas den bheachd gu bheil am buidheann Highlands Small Communities Housing Trust na dheagh eisimpleir, gu sònraichte an obair tha iad a' dèanamh gus ceangal a thogail eadar gnìomhachasan agus taigheadas <https://www.hscht.co.uk/>

C6. Tha liosta ann an Achd nan Eilean (Alba) de raointean a bhuineas do dh'eileanan agus do choimhearsnachdan sna h-eileanan. Cuiribh ann an òrdugh iad a-rèir cho cudromach 's a tha iad dhut:

- **di-dhaoineachadh**
- **leasachadh eaconomach**
- dìon na h-àrainneachd
- slàinte agus soirbheas
- **cumhachdachadh coimhearsnachd**
- **còmhdhail**
- **comas-ceangail didseatach**
- bochdainn connaidh
- stiùireadh fearainn
- bith-thèarainteachd

A bheil thu a' faireachdainn gu bheil an liosta seo a' toirt a-steach a h-uile taobh de bheatha sna h-eileanan?

Tha     Chan eil     Chan eil fhios agam

C7. Ma thuirt thu nach eil, a bheil rud sam bith eile a tha còir a bhith mar phàirt de Phlana Nàiseanta nan Eilean?

Freagairt:

Thathas den bheachd gu bheil na cuspairean air fad fo C6 cudromach airson diofar dhaoine agus diofar eileanan agus chan eil òrdachadh anns an dòigh seo iomchaidh no feumail.

Tha sinn air a' 5 as cudromaiche nar beachd a chomharrachadh air thaobh fàs na Gàidhlig.

Bu chòir na leanas a bhith air an comharrachadh mar rudan cudromach cuideachd ann am Plana Nàiseanta nan Eilean : -

- **Taigheadas sòisealta agus taigheadas aig prìs reusanta.** Thathas den bheachd gu bheil seo mar aon de na rudan as deatamaiche airson leasachadh do choimhearsnachdan sna h-eileanan, agus mar bhunait airson leasachaidhean eaconamach agus sòisealta.
- **Dìon airson cultar agus cànan.** Tha cultar agus cànan cudromach airson nan eileanan ann an Alba agus bu chòir dìon a bhith ann airson seo ann am Plana Nàiseanta nan Eilean. Thathas den bheachd gum bu chòir an ceangal ris na h-amasan anns a' Phlana Cànan Nàiseanta Ghàidhlig a bhith gu math soilleir ann am Plana Nàiseanta nan Eilean, leis cho cudromach 's a tha na h-eileanan airson cleachdadh na Gàidhlig ann an Alba agus gu h-eadar-nàiseanta.
- **Cùram aig gach aois.** Thathas den bheachd gu bheil cùram aig gach aois mar rud bunaiteach airson fàs ann an àireamh an t-sluaigh agus airson leasachaidhean eaconamach. Tha fàs anns na h-uairean cùraim-chloinne gu 1,140 uairean a thìde cudromach do Bhòrd na Gàidhlig mar bhunait airson foghlam Gàidhlig aig gach ìre. Tha e deatamach gum bi cùram-chloinne tro mheadhan na Gàidhlig ri fhaighinn anns na h-eileanan aig Comhairle nan Eilean Siar, Comhairle na Gàidhealtachd agus Comhairle Earra-Ghàidheal is Bhòid mar phàirt den iomairt airson 1,140 uairean a thìde, fiù 's nuair a tha na h-àireamhan beag mar a tha cumanta sna h-eileanan.
- **Planaichean Gàidhlig reachdail.** Tha planaichean Gàidhlig reachdail aig tòrr ùghdarrasan poblach le dleastanasan airson Plana Nàiseanta nan Eilean a chur an gnìomh. Tha e deatamach gum bi an ceangal seo soilleir agus gum bi na dleastanasan fo sgèith Achd nan Eilean a' neartachadh nan dleastanasan fo Achd na Gàidhlig agus air an rathad eile cuideachd.

C8. Ma tha e iomchaidh, a bheil dùbhlain sam bith ann mu dheidhinn a bhith a' fuireach air eilean? Innis dhuinn 3 dùbhlain mu dheidhinn a bhith a' fuireach air an eilean agad.

Freagairt:

Thathas den bheachd gur iad seo na 3 dùbhlain as motha a thaobh a bhith a' fuireach air eilean:

- Gainnead taigheadais shòisealta agus taigheadais aig prìs reusanta
- Cothroman obrach / eaconamach airson an teaghlaich air fad
- Ceanglaichean seasmhach, cunbhalach agus aig prìs reusanta (còmhdhail agus didseatach)

C9. Ma tha thu air an eilean fhàgail, innis dhuinn mu dheidhinn dùbhlain sam bith a dh'aithnich thu nuair a bha thu a' fuireach air an eilean.

Freagairt:

Chan eil seo iomchaidh

C10. Ma tha e iomchaidh, dè a ghabhadh dèanamh airson gum bi e nas fheàrr a bhith a' fuireach air an eilean agad?

Freagairt:

Chan eil seo iomchaidh

C11. Ciamar a tha thu a' faireachdainn a tha còir aig Plana Nàiseanta nan Eilean freagairt air na feartan sònraichte aig coimhearsnachdan sna h-eileanan a thaobh cruinn-eòlas, dualchas nàdair agus cultar (a' gabhail a-steach dualchas cànanach), nam measg feumalachdan luchd-labhairt na Gàidhlig sna coimhearsnachdan seo?

Freagairt:

Tha e deatamach gum bi am prìomh amas anns a' Phlana Cànan Nàiseanta Ghàidhlig 2018-23, "*Gun tèid Gàidhlig a chleachdadh nas trice, le barrachd dhaoine agus ann am barrachd shuidheachaidhean*", cuideachd na prìomh amas airson Plana Nàiseanta nan Eilean.

Tha na h-eileanan fìor chudromach don Ghàidhlig. Tha na coimhearsnachdan uile far a bheil 20% no barrachd den t-sluagh a' bruidhinn Gàidhlig suidhichte sna h-eileanan aig Comhairle nan Eilean Siar, Comhairle na Gàidhealtachd agus Comhairle Earra-Ghàidheal is Bhòid. Cuideachd, tha a h-uile coimhearsnachd far a bheil a' mhòr-chuid den t-sluagh a' bruidhinn Gàidhlig (barrachd air 50%) sna h-Eileanan Siar.

Le dìon sònraichte ga chur air na h-eileanan, nì sin cinnteach gu bheil reachdas mar Achd na Gàidhlig (Alba) 2005, poileasaidhean is prògraman Riaghaltas na h-Alba uile a' gabhail ealla ri feuman is suidheachadh sònraichte eileanan na h-Alba. Tha Bòrd na Gàidhlig den bheachd gum bu chòir ealla fhollaiseach a ghabhail ris a' Ghàidhlig nuair a thathar a' cur dìon air na h-eileanan, agus sin mar thaic don àite shònraichte a th' aig na h-eileanan ann a bhith ag adhartachadh a' chànain

## Plana Nàiseanta nan Eilean – Ceistean Coitcheann

Airson an cothrom a thoirt dha an àireamh as motha de bhuidhnean agus de dhaoine 's as urrainn dhuinn, tha sinn airson beachdan ùghdarrasan buntainneach, buidhnean coimhearsnachd nàiseanta agus ionadail, urrasan leasachaidh agus com-pàirtichean eile le ùidh sna h-eileanan a chruinneachadh.

C12. Dè na prìomh amasan a bu chòir a bhith aig Plana Nàiseanta nan Eilean?

Freagairt:

Tha e cudromach do Bhòrd na Gàidhlig gum bi Plana Nàiseanta nan Eilean a' cur taic ris a' phrìomh amas anns a' Phlana Cànan Nàiseanta Ghàidhlig 2018-23 - "*Gun tèid Gàidhlig a chleachdadh nas trice, le barrachd dhaoine agus ann am barrachd shuidheachaidhean*"

Bu chòir don phlana sealladh nàiseanta a chur an cèill airson eileanan na h-Alba a thaobh chùisean eaconamach is sòisealta leis an amas gum bi na coimhearsnachdan sna h-eileanan seasmhach a thaobh deamografaidh, gu sònraichte le bhith a' gleidheadh agus a' tarraing dhaoine òga.

C13. Dè na prìomhachasan a bu chòir a bhith aig Riaghaltas na h-Alba a thaobh Plana Nàiseanta nan Eilean?

Freagairt:

Bu chòir Riaghaltas na h-Alba a bhith ag amas air prionnsapalan a chruthaicheas suidheachadh thar ùine far am bi muinntir nan eilean a' faighinn cothrom air seirbheisean poblach chun na h-ìre 's a bu chòir dhaibh. Mar sin, am measg nan raointean air am bu chòir cuideam a chur tha:-

- A' toirt fàs air cleachdadh na Gàidhlig anns na h-eileanan tron obair aca agus ann an co-theacs a' phlana Ghàidhlig reachdail aig Riaghaltas na h-Alba fo sgèith Achd na Gàidhlig 2005
- Taigheadas
- Cosnaidhean
- Dualchas, cultar is cànan
- Foghlam is ionnsachadh fad-beatha
- Cùram aig gach aois
- Seirbheisean sòisealta
- Ceanglaichean seasmhach agus cunbhalach aig prìs reusanta (còmhdhail agus didseatach)
- Slàinte
- Leasachadh na h-eaconamaidh
- Turasachd
- Dualchas nàdair

C14. Dè na cùisean a bu chòir sùileachadh air a thaobh dreuchdan aig ùghdarrasan buntainneach taobh a-steach Plana Nàiseanta nan Eilean?

Freagairt:

Bu chòir ùghdarrasan a bhith ag amas air prionnsapalan a stèidheachadh a chruthaicheas suidheachadh thar ùine far am bi muinntir nan eilean a' faighinn cothrom air seirbheisean poblach chun na h-ìre 's a bu chòir dhaibh. Mar sin, am measg nan raointean air am bu chòir cuideam a chur tha:-

- A' toirt fàs air cleachdadh na Gàidhlig anns na h-eileanan tron obair aca agus ann an co-theacs nam planaichean Ghàidhlig reachdail aca fo sgèith Achd na Gàidhlig 2005
- Taigheadas
- Cosnaidhean
- Dualchas, cultar is cànan
- Foghlam is ionnsachadh fad-beatha
- Cùram aig gach aois
- Seirbheisean sòisealta
- Ceanglaichean seasmhach agus cunbhalach aig prìs reusanta (còmhdhail agus didseatach)
- Slàinte
- Leasachadh na h-eaconamaidh
- Turasachd
- Dualchas nàdair

C15. Ciamar as urrainn dhuinn na toraidhean a thomhas a thaobh Plana Nàiseanta nan Eilean?

Freagairt:

Thathas den bheachd gum bu chòir an t-amas bhon Phlana Cànan Nàiseanta Ghàidhlig, “*gun tèid Gàidhlig a chleachdadh nas trice, le barrachd dhaoine agus ann am barrachd shuidheachaidhean*”, a bhith mar thoradh cuideachd airson Plana Nàiseanta nan Eilean, gu sònraichte anns na h-eileanan aig Comhairle nan Eilean Siar, Comhairle na Gàidhealtachd agus Comhairle Earra-Ghàidheal is Bhòid.

Thathas den bheachd gum bu chòir na toraidhean uile-gu-lèir a bhith stèidhichte air deamografaidh, leis an amas gum bi am profaidhle aig ìre nas seasmhaiche thar ùine – gu sònraichte barrachd dhaoine òga a’ fuireach agus ag obair sna h-eileanan.

C16. Ma tha beachdan sam bith eile agad mu dheidhinn leasachadh Plana Nàiseanta nan Eilean, innis dhuinn gu h-ìosal.

Freagairt:

- Gum bi an ceangal eadar coileanadh Plana Nàiseanta nan Eilean agus a’ Phlana Cànan Nàiseanta Ghàidhlig gu math soilleir.
- Gum bi fàs na Gàidhlig mar phàirt bhunaiteach den mheasadh buaidhe air coimhearsnachdan nan eilean a bhios ùghdarrasan poblach a’ cumail agus nach bi seo ann aig a’ mhionaid mu dheireadh.
- Gum bi ceangal soilleir ann eadar na planaichean Gàidhlig reachdail aig ùghdarrasan poblach agus na dleastanasan a bhios aca agus na prìomhachasan ann am Plana Nàiseanta nan Eilean a chur an gnìomh.

## Measadh Buaidh air Coimhearsnachdan nan Eilean

'S e aon dòigh a bhios ann am Measaidhean Buaidh air Coimhearsnachdan nan Eilean airson ùghdarrasan buntainneach beachdachadh air a' bhuidh a bhios laghan, poileasaidhean, ro-innleachdan no seirbheisean ùra air na h-eileanan. Thèid stiùireadh ullachadh air mar a dh'obraicheas na measaidhean buaidh seo agus tha sinn den bheachd gun cuidich na tha agad ri cur ris an co-chomhairleachadh seo sinn gus seo a dhèanamh:

C17. A bheil poileasaidhean, ro-innleachdan no seirbheisean sam bith a tha thu a' faireachdainn nach eil ag obrachadh gu math airson an eilein agad? Carson a tha thu a' faireachdainn nach eil iad ag obrachadh gu math?

Freagairt:

Thathas den bheachd nach eil an ceangal eadar leasachadh na h-eaconamaidh, cosnaidhean agus leasachaidhean taigheadais cho làidir 's a fhaodadh e a bhith.

Thathas a' tuigsinn gu bheil duilgheadasan ann le bhith a' togail thaighean sòisealta agus / no aig prìs reusanta air sgàth 's gu bheil cosgaisean nas àirde anns na h-eileanan agus gu bheil e nas fhasa agus luachmhor a bhith an sàs ann an leasachaidhean mòra (me, 20+ taighean) seach leasachaidhean beaga (me, nas lugha na 10 taighean). Tha pròiseas a dhìth far an tèid taighean ùra sòisealta agus / no aig prìs reusanta a thogail an dà chuid ann an leasachaidhean mòra agus leasachaidhean beaga – gu sònraichte airson taic a chumail ris an amas gum bi barrachd dhaoine òga a' fuireach agus ag obair san h-eileanan.

Bidh seo cuideachd cuideachail ann a bhith a' cur a' Phlana Nàiseanta Cànain Ghàidhlig an gnìomh.

C18. Air an làimh eile, a bheil poileasaidhean, ro-innleachdan no seirbheisean sam bith a **THA** ag obrachadh gu math? Innis dhuinn dè tha ag obrachadh gu math mun deidhinn.

Freagairt:

Tha urrasan Coimhearsnachd ann, mar eisimpleir Urras Taobh Siar na Hearadh, a tha ag obair gus leasachadh na h-eaconamaidh, cosnaidhean, cùisean sòisealta agus taigheadas a thoirt còmhla.

C19. Ciamar as urrainn do Mhinistearan na h-Alba coimhearsnachdan sna h-eileanan a tharraing a-steach do mheasaidhean?

- |                                      |                                     |
|--------------------------------------|-------------------------------------|
| suirbhidhean air-loidhne             | <input checked="" type="checkbox"/> |
| buidhnean fòcais                     | <input checked="" type="checkbox"/> |
| coinneamhan poblach                  | <input checked="" type="checkbox"/> |
| sgriobhainnean air pàipear           | <input checked="" type="checkbox"/> |
| dòigh eile (innis dhuinn gu h-ìosal) | <input type="checkbox"/>            |

Freagairt:

Tha e cudromach gum bi am pròiseas seo a' cur fàilte air cleachdadh na Gàidhlig agus gum bi goireasan ann airson seo a dhèanamh, mar eisimpleir aig coinneamhan poblach ann an sgìrean Comhairle nan Eilean Siar, Comhairle na Gàidhealtachd agus Comhairle Earra-Ghàidheal is Bhòid.

C20. A bheil thu airson rud sam bith eile innse dhuinn?

Freagairt:

Chan eil

### **Measaidhean Buaidh air Coimhearsnachdan nan Eilean – Ceistean Coitcheann**

Chan eil stiùireadh sam bith air mar a tha còir Measaidhean Buaidh air Coimhearsnachdan nan Eilean an dèanamh ann an Achd nan Eilean (Alba). An àite seo, tha an Achd a' toirt cumhachd do Mhinistearan stiùireadh ullachadh mun dleastanas gus aire a thoirt de choimhearsnachdan sna h-eileanan, le Measaidhean Buaidh air Coimhearsnachdan nan Eilean mar phàirt.<sup>1</sup> Feumaidh Ministearan na h-Alba cuideachd Riaghailtean ullachadh “mu dheidhinn ath-sgrùdadh air co-dhùnaidhean aig ùghdarrasan buntainneach a bhuineas do mheasaidhean buaidh air coimhearsnachdan nan eilean”.

Airson an cothrom a thoirt dha an àireamh as motha de bhuidhnean agus de dhaoine 's as urrainn dhuinn cruth a thoirt dhan stiùireadh agus teamplaidean airson Measaidhean Buaidh air Coimhearsnachdan nan Eilean, tha sinn airson beachdan ùghdarrasan buntainneach, buidhnean coimhearsnachd nàiseanta agus ionadail, urrasan leasachaidh agus com-pàirtichean eile le ùidh sna h-eileanan a chruinneachadh.

C21. Dè na prìomh amasan a bu chòir a bhith ann airson Measaidhean Buaidh air Coimhearsnachdan nan Eilean?

Freagairt:

Airson dearbhadh gu bheil obair agus poileasaidhean nan ùghdarrasan a' cur ris na prìomhachasan ann am Plana Nàiseanta nan Eilean agus nach eil droch bhuidh air na h-eileanan.

C22. Dè tha thu smaointinn air am bu chòir beachdachadh san stiùireadh agus teamplaidean a thèid ullachadh airson taic a thoirt ann a bhith a' dèanamh Measaidhean Buaidh air Coimhearsnachdan nan Eilean le ùghdarrasan buntainneach?

Freagairt:

Gum bi measadh buaidhe air coimhearsnachdan nan Eilean, a thaobh obair agus poileasaidhean ùra, a' coimhead air: -

- A bheil an obair agus / no poileasaidhean a' cumail taic ris na prìomh amasan anns a' Phlana Cànain Nàiseanta Ghàidhlig?
- A bheil an obair agus / no poileasaidhean a' cumail taic ris na prìomh amasan anns a' phlana reachdail Ghàidhlig aig an ùghdarras phoblach?
- A bheil an obair agus / no poileasaidhean a' cumail taic ris na prìomh amasan ann am Plana Nàiseanta nan Eilean?
- A bheil an obair agus / no poileasaidhean a' toirt droch bhuidh air na h-eileanan – a' gabhail a-steach na h-eileanan as motha agus na h-eileanan as lugha?
- A bheil an obair agus / no poileasaidhean ùra a' toirt an aon chothruim do mhuinntir

<sup>1</sup> Achd nan Eilean (Alba) 2018, earrann 11.

nan eilean 's a tha aig daoine a tha a' fuireach air tìr-mòr na h-Alba?

C23. Dè na rudan a bu chòir an aire a thoirt mun deidhinn a thaobh ath-sgrùdaidhean de cho-dhùnidhean ùghdarrasan buntainneach a thaobh Measaidhean Buaidh air Coimhearsnachdan nan Eilean?

Freagairt:

'S e an rud as cudromaiche gum bi an co-dhùnadh a' cur ris a' phrìomh amas ann am Plana Nàiseanta nan Eilean agus / no nach bi droch bhuaidh air coimhearsnachdan sna h-eileanan.

C24. Ma tha beachdan no puingean a bharrachd agad a tha thu a' smaointinn gum bu chòir an aire a thoirt dhiubh ann ann ullachadh Measaidhean Buaidh air Coimhearsnachdan nan Eilean, innis dhuinn gu h-ìosal.

Freagairt:

Airson nan eileanan ann an sgìre Comhairle nan Eilean Siar, Comhairle na Gàidhealtachd agus Comhairle Earra-Ghàidheal is Bhòid gu sònraichte, bu chòir gum bi na measaidhean a' cur ri cleachdadh na Gàidhlig agus bu chòir dearbhadh a bhith ann nach bi droch bhuaidh ann ri linn a' mheasaidh.

## Mu do dheidhinn

Dè an t-ainm a th' ort?

Daibhidh Boag

Dè an seòladh puist-d a th' agad?

daibhidh@gaidhlig.scot

Ma chuireas tu sìos do sheòladh puist-d faodaidh tu tilleadh gus atharrachaidhean a dhèanamh air do cho-chomhairleachadh aig àm sam bith gus an cuir thu thugainn e. Gheibh thu cuideachd post-d fios-freagairt nuair a chuireas tu crìoch air.

A bheil thu a' freagairt mar neach fa-leth no mar bhuidheann?

Neach fa-leth       Buidheann

Innis dhuinn ainm do bhuidheann?

Bòrd na Gàidhlig

Ma tha thu a' freagairt às leth buidheann, cuiribh ainm na buidhne an seo.

Bòrd na Gàidhlig

**Tha Riaghaltas na h-Alba ag iarraidh cead ort do fhreagairt ris a' cho-chomhairleachadh fhoillseachadh. Innis dhuinn do roghainn a thaobh foillseachadh an seo:**

### (Riatanach)

- Foillsich freagairt le ainm
- Foillsich freagairt a-mhàin (gun ainm)
- Na foillsich freagairt

### Fiosrachadh airson buidhnean

Tha an roghainn 'Foillsich freagairt a-mhàin (gun ainm)' a' bruidhinn mu d' ainm-sa a-mhàin, chan e ainm do bhuidheann. Ma thaghas tu an roghainn seo, thèid ainm do bhuidheann fhathast fhoillseachadh.

Ma thaghas tu an roghainn 'Na foillsich freagairt', dh'fhaodadh gun tèid ainm do bhuidheann fhoillseachadh air liosta de bhuidhnean a chuir freagaritean thugainn dhan cho-chomhairleachadh san aithisg anailis, mar eisimpleir.

Thèid do fhreagairt a thoirt seachad do bhuidhnean poileasaidh eile taobh a-steach Riaghaltas na h-Alba a tha a' dèiligeadh ri na cùisean a thog thu. Dh'fhaodadh gun cuir iad fios thugad san àm ri teachd, ach feumaidh sinn cead mus dèan iad seo. A bheil thu toilichte gun cuir Riaghaltas na h-Alba fios a chur thugad a-rithist mu dheidhinn an co-chomhairleachadh seo?

(Riatanach)

- Tha
- Chan eil